

Cuspair Clàir-ghnothaich	7
Àir. Aithisge	G/11/23

COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 31 Cèitean 2023

Tìotal Aithisge: Foghlam Gàidhlig

Aithisg le: Àrd-Oifigear Gnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

1.1 Tha an aithisg a' toirt an fhiosrachaidh a leanas do Bhuill:

- a) Geàrr-chunntas de na prìomhachasan làithreach taobh a-staigh Foghlam Gàidhlig (Plana na Gàidhlig 3) le fòcas sònraichte air na cuspairean a leanas:
 - Foghlam tron Ghàidhlig – Cunntasan às Ùr
 - Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig – pròiseact pileatach dòighean-obrach 1+2 a thaobh ionnsachadh cànan
- b) Cunntas às ùr mun phròiseas cho-chomhairleachaidh airson a bhith a' cruthachadh sgìrean-sgoile airson solaran agus sgoiltean Foghlam tron Ghàidhlig.

2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- i. beachdachadh air an aithisg agus toirt fa-near do sholar Foghlam tron Ghàidhlig air feadh sgìre na Gàidhealtachd;
- ii. toirt fa-near do na raointean leasachaidh làithreach is teachdail airson 1+2; agus
- iii. toirt fa-near dhan phròiseas cho-chomhairleachaidh airson sgìrean-sgoile agus dhan chunntas às ùr airson solaran Foghlam tron Ghàidhlig Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis, Inbhir Pheofharain agus Inbhir Narann.

3. Buaidhean

3.1 Goireas – Tha na buaidhean air goireasan taobh a-staigh nam prìomh shruthan buidseit làithreach a tha a' gabhail a-steach Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig, Bòrd na Gàidhlig,

agus Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (Bòrd na Gàidhlig) agus maoin eachadh teachd-a-steach bunaitich na Comhairle.

- 3.2 Laghail – Tha e mar riatanas air Comhairle na Gàidhealtachd am Plana Gàidhlig aice a bhuileachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.
- 3.3 Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean), Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach, Cunnart – Chan eil cunnartan sònraichte sam bith a’ tighinn am bàrr mar thoradh air an aithisg seo.
- 3.4 Gàidhlig – Tha an aithisg a’ cur ri leasachadh na Gàidhlig taobh a-staigh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd agus a’ cur taic ri buileachadh Plana na Gàidhlig.

4.0 Cunntasan às Ùr mu Fhoghlam Gàidhlig

4.1 Àireamhan clàrachaidh sgoil-àraich 2021–24

Aig Comataidh na Gàidhlig air 30 Màrt, dh’aontaich oifigearan gun deidheadh àireamhan sgoil-àraich a chur fa chomhair nam Ball. Tha na h-àireamhan a’ sealltainn an dà chuid iarrtas fàsmhor ann am Foghlam tron Ghàidhlig agus na dh’fhaodadh seo a bhith a’ ciallachadh a thaobh ghoireasan thar ùine Plana Gàidhlig 2023–28.

	2021/22	2022/23	2023/24*
FtG Àth Tharracail	13	13	12
Sgoil-àraich Bun-Sgoil an Àth Leathainn – FtG	8	11	5
BSGI	78	72	78
Sgoil-àraich Bun-Sgoil Ghàidhlig Loch Abar	28	45	56
Bun-Sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh	48	53	57
Bun-Sgoil Shlèite – FtG	15	16	12
Bun-Sgoil Stafainn	7	7	6
Sgoil-àraich Bun-Sgoil Chnoc na Creige – FtG	8	13	12
Cròileagan Inbhir Narann	9	13	15
Cròileagan Inbhir Pheofharain			
Sgoil-àraich Bun-Sgoil Dhùn Bheagain – FtG	13	16	17
Sgoil-àraich Bun-Sgoil Gheàrrloch – FtG (2 latha san t-seachdain)	1	3	3
Gleann Urchadain – FtG	3	5	2
Sgoil-àraich Bun-Sgoil Chille Mhoire – FtG	3	3	4
Sgoil-àraich Bun-Sgoil Mhalaig – FtG	14	9	3
Sgoil-àraich Bun-Sgoil Mount Pleasant – FtG	16	14	9
Baile Ùr an t-Slèibh – FtG	17	13	12
Sgoil-àraich Bun-sgoil a’ Phluic	15	15	14

Sgoil-àraich Bun-Sgoil Ullapuil – FtG	23	18	13
Iomlan	289	339	330

*Thathar an dùil gun àrdaich an àireamh iomlan chlàrachaidhean airson 2023/24 os cionn bliadhnaichean roimhe seach gu bheil an àireamh iomlan deireannach san sgoil-àraich san Ògmhios de gach bliadhna an-còmhnaidh nas àirde na an àireamh iomlan a tha air a clàrachadh aig toiseach gach seisein, seach gu bheil cuid de chloinn a' clàrachadh tron t-seisean an àite san t-seachdain chlàrachaidh.

Tha an àireamh iomlan sgoilearan ann am Foghlam Gàidhlig aig deireadh seisean na sgoile aig àm dàrna Plana na Gàidhlig ann an 2016/17, agus aig deireadh seisean na sgoile aig àm treas Plana na Gàidhlig ann an 2022/23 air an sealltainn sa chlàr gu h-ìosal (dàta air a chruinneachadh le Sgioba na Gàidhlig).

PnG	Deireadh Seisean Sgoile	Sgoilearan Sgoil-àraich/ Ionad Com-pàirteach FtG	Sgoilearan Bun-sgoile FtG	Sgoilearan Àrd-sgoile – Fileantaich	Sgoilearan Àrd-sgoile – Luchd-ionnsachaidh
PnG 2012–16	2016–17	264	896	343	1829
PnG 2018–23	2022–23	339	1101	436	2030
	% àrdachadh	28%	23%	27%	11%

Gu h-iomlan, thar gach roinn de dh'Fhoghlam Gàidhlig, tha àrdachadh 17% air an àireamh iomlan de sgoilearan ann am foghlam Gàidhlig thairis air ùine an treas Phlana Ghàidhlig.

5.0 Dòigh-obrach 1+2 do Foghlam Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig ann an Sgìre na Gàidhealtachd

5.1 Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' leantainn air adhart a' leudachadh is a' toirt taic do bhith a' libhrigeadh na Gàidhlig mar nuadh-chànan a rèir iomairt 1+2. Ann an Cèitean is Ògmhios 2023, thèid pìleat a dhèanamh air modail de ionnsachadh proifeiseanta is taic teagaisg airson sgoiltean sònraichte gus solar C2 is C3 Gàidhlig a mheudachadh.

Tha an t-Oifigear Leasachaidh Foghlaim air deagh fheum a dhèanamh de chothroman didseatach is teicneòlasach gus ionnsachadh Gàidhlig bhiorail a thoirt seachad ann am bun-sgoiltean.

Tha an clàr a leanas a' sealltainn gu bheil àireamh àrd sa cheud de bhun-sgoiltean san Sgìre an Iar a' solarachadh slighe foghlaim Gàidhlig.

Sgìre	C2	C3	Eile	Àireamh iomlan Bhun-sgoiltean	Solar C2 is C3 mar % taobh a-staigh na sgìre
Meadhan	1	9	23	33	30%
Tuath	2	7	21	30	30%
Deas	0	24	26	50	48%
Iar	24	23	7	54	87%

Tha a bhith a' meudachadh Gàidhlig C2 is C3 na phrìomhachas ro-innleachdail ann an dreachd PnG4.

Am measg nan sgoiltean air am bithear ag amas bidh, mar eisimpleir, sgoiltean far a bheil solar Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam tron Bheurla air an suidheachadh còmhla anns an aon sgoil.

Chaidh pròiseact pìleatach 1+2 a bha air a stiùireadh le Comhairle na Gàidhealtachd a libhrigeadh sa Chèitean, le leasain cànan Gàidhlig air an teagasg beò agus air-loidhne do chlasaichean air feadh na Gàidhealtachd agus Earra-Ghàidheal is Bhòid. Mhair am pròiseact ceithir seachdainean agus bhathar ag amas air cleasan is òrain airson briathrachas ionnsachadh. Bha e air a stiùireadh le Oifigear Foghlam Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd, ach le taic bho thidsearan clasa tro ghnìomhan, a leithid gheamaichean, a bha a' leantainn air adhart bho na leasain.

Tha an dòigh-obrach teagasg-sgioba seo a' toirt comas trèanadh 1+2 a libhrigeadh gu dìreach gu tidsearan, fhad 's a thathar a' modaileadh leasan cànan leis a' chlas aca aig an aon àm. 'S e an t-amas gun toir seo taic do thidsearan clasa le fuaimneachadh tro thaic chlaistinneach bheò agus gun tog seo misneachd gus an urrainn dhaibh tuilleadh ghnìomhan Gàidhlig a libhrigeadh às dèidh dhan t-seisean crìochnachadh.

Tha mu 29 clasaichean, ann an 17 sgoiltean, a' gabhail a-steach 5 *sgoiltean ùra air tighinn an lùib nan seiseanan beò sa phileat seo. (*sgoiltean nach robh roimhe air Gàidhlig a thabhann mar chànan 1+2)

Is iad na còig sgoiltean ùra:

Sgìre	Sgoiltean nach robh a' tabhann Gàidhlig mar chànan 1+2 roimhe
Tuath	Bun-Sgoil Pennyland + Bun-Sgoil Dhùn Bheathadh
Deas	Bun-Sgoil Easbaig Eden
Meadhan	Bun-Sgoil na Loids a Deas + Bun-Sgoil Cheann na Drochaid
Iar	

Cuidichidh an obair leasachaidh seo Comhairle na Gàidhealtachd ann a bhith a' libhrigeadh a' phrìomhachais ro-innleachdail ann am PnG4 de bhith a' meudachadh na h-àireimh de sgoiltean a tha a' tabhann Gàidhlig mar chànan a bharrachd.

5.2 Na h-Ath Cheumannan

Às dèidh fios air ais bhon phròiseact pìleatach seo, tha sinn ag amas air tuilleadh phrògraman ionnsachaidh Gàidhlig a thabhann do sgoiltean eile air feadh na Gàidhealtachd, gu h-àraid sgoiltean Foghlam tron Bheurla le ionad Foghlam tron Ghàidhlig annta, ach cuideachd sgoiltean eile nach eil a' libhrigeadh Gàidhlig mar chànan C2 no C3.

Bheir seo cothrom do sgoiltean ùra blasad fhaighinn de Ghàidhlig agus bhiomaid an dòchas gum broснаicheadh seo iad gus barrachd ionnsachadh Gàidhlig a libhrigeadh san sgoil.

Tha na seiseanan beò seo a' ceangal ris na modalan air-loidhne a th' ann mar-thà agus na seiseanan clàraichte Ionnsachadh Proifeiseanta Fad-dreuchd a tha air an leasachadh le Comhairle na Gàidhealtachd agus a dh'fhaodas tidsearan clasa a chleachdadh mar thaic nuair a tha iad a' libhrigeadh Gàidhlig 1+2.

6.0 Cunntas às Ùr mu Chruthachadh Sgìrean-sgoile airson Foghlam tron Ghàidhlig

6.1 Aig àm sgrìobhaidh, tha a' Chomhairle air sgìrean-sgoile Foghlam tron Ghàidhlig a chruthachadh airson 16 de na 20 bun-sgoiltean sa Ghàidhealtachd a tha a' tabhann FtG, agus airson 10 de na 14 àrd-sgoiltean a tha ga thabhann.

Bhon turas mu dheireadh a chaidh cunntas a thoirt dhan Chomataidh, chaidh sgìrean-sgoile aontachadh airson Bun-Sgoil Ghlinn Urchadain agus Àrd-Sgoil Ghlinn Urchadain, agus airson Bun-Sgoil a' Phluic, Bun-Sgoil Loch Carrann agus Àrd-Sgoil a' Phluic.

6.2 Na h-Ath Cheumannan

Tha oifigearan a-nis a' moladh co-chomhairleachadh foirmeil a chumail a thaobh a bhith a' cruthachadh sgìre-sgoile airson Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis, agus sgìrean-sgoile FtG airson Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis, Bun-Sgoil Inbhir Pheofharain, Acadamaidh Inbhir Pheofharain, Bun-Sgoil Bruach a' Mhuilinn agus Acadamaidh Inbhir Narann. Tha pàipear a' dol gu Comataidh an Fhoghlaim a-màireach (1 Ògmhios), a' sireadh cead an co-chomhairleachadh foirmeil a thòiseachadh às dèidh saor-làithean an t-samhraidh.

Thathar a' cur air adhart aon Phàipear Molaidh airson nan sia sgìrean-sgoile, seach gun toireadh atharrachaidhean sam bith air sgìre-sgoile aon dhiubh seo buaidh air an fheadhainn eile. Tha am moladh iom-fhillte agus a' còmhdach sgìre chruinn-eòlasach fharsaing. Tha an sgìre-sgoile a thathar a' moladh airson Bun-Sgoil Bruach a' Mhuilinn/Acadamaidh Inbhir Narann a' gabhail a-steach ASG Inbhir Narann.

6.3 Sgìrean-sgoile gam Moladh

Tha an sgìre-sgoile a thathar a' moladh airson Bun-Sgoil/Acadamaidh Inbhir Pheofharain a' còmhdach ASG Inbhir Pheofharain agus Alanais, agus pàirt mhòr de ASG na Cananaich. Chan eilear a' tabhann FtG sna dhà mu dheireadh.

Tha an sgìre-sgoile a thathar a' moladh airson Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis/Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis a' còmhdach còig ASGan Inbhir Nis (Baile Theàrlaich, Cùil Lodair, Àrd-Sgoil Inbhir Nis, Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis agus Acadamaidh Allt a' Mhuilinn) agus pàirt de ASG na Cananaich.

Ainmeachadh: Àrd-Oifigear Gnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas

Ceann-latha: 5 Cèitean 2023

Ùghdar: Lena Walker, Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig & Ruairidh MacAoidh, Oifigear Leasachaidh Foghlaim